

## **Brath-naigheachd air mar a tha Foghlam a-muigh comasach air taic a' thoirt leis an ath-fhosgladh den sgoiltean.**

Tha 'foghlam a-muigh' an lùib an Curraicealam airson Sàr-Mhaitheas agus nam bun-tomhais GTCS againn fhèin. Tha sinn ag aithneachadh na buannachdan ann an ionnsachadh, a thuilleadh air dìreach soirbheas inntinneach agus fisigeach. Anns an t-suidheachadh laithreach de mhèorachadh agus ath-bhuannachd, tha sinn a' creidsinn gum bu chòir foghlam a-muigh agus an àrainneachd a-muigh a bhith aig cridhe nan conaltradh agus am planadh fhad 's a rannsaicheas sinn mar a thòisicheas na sgoiltean a' bhith nam fosgladh a-rithist.

### **Dè an taic a bheir SAPOE seachad?**

Tha pàirt cudrothmach aig SAPOE ri chluich anns an dèiligeadh leantainneach ri COVID-19. Tha ar buill a' cruthachadh lìonra reachdmhor agus èifeachdadh am measg ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean neo-eismeileach a' coimhearleachadh, a' cuideachadh agus a' libhrigeadh foghlam a-muigh. 'S urrainn dhuinn:

- Leantainn oirnn comhairle a' thoirt do riaghaltas na h-Alba agus ionadail air dòighean-obrach sàbhailte 's a h-uile pàirt de dh' fhoghlam a-muigh bho fearann nan sgoiltean gu siubhal na cruinne, matamataigs gu sreapadaireachd suidhichte air am frèam-obrach 'Going Out There'.
- A' toirt seachad comhairle do Riaghaltas na h-Alba agus Seirbheisean Foghlam air mar a' chleachdas sinn fearann nan sgoiltean agus raoin uaine choimhearsnachd agus ionadal gu h-èifeachdach, airson ionnsachadh a dhèanamh comasach fhad 's a tha ceumannan astarachaidh shòisealta fhathast nan àite. Mheudaicheadh an cleachdadh de raoin a-muigh an àireamh de dh' òigridh a dh' fhaodadh tilleadh air ais a dh' fhoghlam.
- Gus trèanadh agus stòrasan buntainneach de dhèagh chàileachd a thoirt seachad do sgoiltean agus nan luchd-obrach. Cuideachd nì sinn trèanadh 'Career Long Professional Learning (CLPL)' airson taic a' thoirt don luchd-obrachd gus seiseannan ionnsachadh a thoirt seachad a-muigh.

- Cuideachadh meudachadh an comas a th' aig sgoiltean airson barrachd òigridh a bhith an sàs ann an ionnsachadh fhèin, le bhith ceangal luchd-obrach sgileil à buidheannan bho oideachadh a-muigh agus luchd dreuchdail a' tha comasach taic a thoirt do sgoiltean le foghlam a-muigh.
- S e foghlam a-muigh dòigh a thathas a' cleachad gu trice le òigridh a' tha caran dùibhlanach agus aig nach eil ùidh ann am foghlam, airson am faighinn air ais an sàs le foghlam. Tha luchd dreuchdail a-muigh ann an dèagh àite am measg ùghdarras ionadail airson taic a thoirt chun an òigridh seo, mar phàirt de an ath-fhosgladh don na sgoiltean an Alba.

### **Taic a tha sinn airson faighinn**

- Steòrnadh follaiseach bho Riaghaltas na h-Alba gu ùghdarrasan ionadail taic a thoirt do na seirbheisean foghlam a-muigh aca, agus an toirt a-steach dhan an conaltradh agus am planadh a leithid nan ionadan-gnìomhachd laithreach agus planaichean a thaobh sgoiltean tòiseachadh air ais a-rithist.
- Airson SAPOE agus buidheannan oideachadh a-muigh eile mar SAAF, AHOEC agus buidheannan èideadh a bhith nam pàirt den choinneamhan tràth mu dheidhinn na sgoiltean a' tòiseachadh air ais a-rithist agus fuasglaidhean airson ùidh òigridh a thoirt air ais a dh' ionnsachadh agus gnìomhan a-muigh.
- Gealladh taic a thoirt do sheirbheisean a-muigh agus ionadan-còmhnaidh, gus dèanamh cinnteach gum mair iad.

'S urrainn dhut post-dealan a chuir gu SAPOE aig [admin@sapoe.org.uk](mailto:admin@sapoe.org.uk)

Neo cuir fios gu Ali Dreyer, Cathraiche SAPOE aig [ali.dreyer@fife.gov.uk](mailto:ali.dreyer@fife.gov.uk)